



ALBA | CHRUTHACHAIL

---

# Alba Chruthachail Prògram Maoineachadh Ioma-bhliadhna

**Stùireadh a Bharrachd do thagraichean Ceum 2**  
Air fhoillseachadh san Fhaoilleach 2024

---

# Contents

<b>Earrann 1: Carson a rinneadh an stiùireadh a bharrachd seo? .....</b>	<b>3</b>
Maoineachadh Ioma-bhliadhna – co-theacsa ionmhais	3
<b>Earrann 2:Pròiseas agus Clàr-ama Ceum 2 .....</b>	<b>4</b>
Ciamar a dh'obraicheas pròiseas tagraidh Ceum 2?	4
Clàr-ama Ceum 2	5
<b>Earrann 3: Taic gus ur tagradh Ceum 2 a dhèanamh .....</b>	<b>6</b>
Am feum sibh cuideachadh no taic ruigsinneachd gus ur tagradh a dhèanamh?	6
Fios a chur dhan Sgioba Ceist againn	6
<b>Earrann 4: Mar a nithear tagradh .....</b>	<b>7</b>
Mar a nithear tagradh Ceum 2 tron làrach tagraidh air-loidhne againn	7
Atharraichean nur buidhinn bhon rinn sibh ur tagradh Ceum 1?	7
A bheil trioblaidean teicnigeach agaibh agus sibh a' lionadh am foirm tagraidh air-loidhne?	8
A' cur ur tagradh a-steach	8
<b>Earrann 5: Ceum 2 – Foir-shealladh de na dh'fheumas tagraidhean a chur ris an tagradh .....</b>	<b>9</b>
Sgrìobhainnean taic	9
<b>Earrann 6: Ceistean agus fiosrachadh a bharrachd Ceum 2 .....</b>	<b>10</b>
Ceistean tagraidh	10
Ur Plana Gnìomhachais	11
Ur prògram	12
Fiosrachadh ionmhais	12
<b>Earrann 7: Pròiseas Co-dhùnaidh .....</b>	<b>14</b>
Ceum 2 - Sgrùdadh airson freagarrachd agus iomlanachd	14
Ceum 2 – Measadh	14
Ceum 2 – Sgrùdadh Pasgain	15
Co-dhùnaidhean Bòrd Alba Chruthachail	17
Naidheachd cho-dhùnaidhean	17
Tagraichean soirbheachail	18
Ag obair còmhla ri Alba Chruthachail mar Bhuidheann le Ionmhas Ioma-bhliadhnail	19
Tagraichean neo-shoirbheachail	20
Maoin Eadar-ama do thagraichean neo-shoirbheachail	20
<b>Earrann 8: Saorsa Fiosrachaidh .....</b>	<b>21</b>
<b>Earrann 9: Dion Dàta .....</b>	<b>21</b>
<b>Earrann 10:Riaghladh Thabhartasan .....</b>	<b>22</b>
<b>Earrann 11: Dìon/Urram san Obair .....</b>	<b>22</b>
Dìon	22
Urram san Obair	23
<b>Earrann 12: Gearanan.....</b>	<b>23</b>
<b>Pàipear-taice 1: Ceistean foirm tagraidh Ceum 2 .....</b>	<b>24</b>

---

## Earrann 1:

# Carson a rinneadh an stiùireadh a bharrachd seo?

Tha dà cheum ann am pròiseas tagraidh a' Phrògram Maoineachaidh Ioma-bhliadhna. Dh'fhoillsich sinn **Stiùireadh Maoin san Iuchair 2023**, agus tha an sgrìobhainn a bharrachd seo (foillsichte san Fhaoilleach 2024) a' toirt seachad tuilleadh fiosrachaidh mar thaic dhaibhsan a shoirbhich aig Ceum 1 agus a fhuair fiachadh tagradh Ceum 2 a dhèanamh. Na lùib cuideachd tha fiosrachadh mun phròiseas co-dhùnaidh, a bharrachd air iomradh air na thachras às dèidh co-dhùnaidh agus uallaichean aithris agus measaidh do na buidhnean gu lèir a gheibh Maoineachadh Iomadh-bhliadhna.

Airson barrachd mineachaidh mu na clàran-ama do Cheum 2 **faicibh duilleag 5**.

Bu chòir an sgrìobhainn Stiùiridh a Bharrachd seo a leughadh còmhla ris an Stiùireadh Maoin Iomadh-bhliadhna a gheibhear air **Iàrach-lìn Alba Chruthachail**.

Gus barrachd a dh'ionnsachadh mun mhaoin seo agus mu chothroman maoineachaidh eile a dh'fhaodadh a bhith ann san àm ri teachd, thighibh gu **Iàrach-lìn Alba Chruthachail** no cuiribh fios air an Sgioba Cheist againn aig **[enquiries@creativescotland.com](mailto:enquiries@creativescotland.com)**.

### **Maoineachadh Ioma-bhliadhna – co-theacsa ionmhais**

Thig a' mhòr-chuid den taic dhan mhaoin seo bho Thabhartasan-cuideachaidh Riaghaltas na h-Alba, le na h-uibhir de thaic bhon Chrannchur Nàiseanta Co-ionannachd gus cur ris a' bhuidseit san fharsaingeachd.

Tha am Prògram Maoineachaidh Ioma-bhliadhna ga ruith aig àm nuair a tha mòran mì-chinnt mun cuairt air buidseatan cultarach san àm ri teachd agus tha sinn a' dol dhan phròiseas agus fios gum bi mòran farpais ann an Ceum 2, agus gum feum sinn fiosrachadh gu leòr gus co-dhùnaidhean fiosraichte a ruighinn. Saoilidh sinn an-dràsta gum faighear mòran a bharrachd thagraidhean a tha airidh air taic na bhios nar comas maoineachadh. Chan iarr sinn càil bhuaibh nach buin don phròiseas co-dhùnaidh.

Is dòcha gum faigh sibh duais aig Ceum 2 a bhios aig an aon ìre no nas lugha na an t-suim a dh'iarr sibh, no nach fhaigh sibh duais ann, oir bidh farpais mhòr fhathast ann an Ceum 2.

**Thoiribh fa-near - chan eil adhartas gu Ceum 2 na ghealladh gum faighear ionmhas.**

---

## Earrann 2:

# Pròiseas agus Clàr-ama Ceum 2

### Ciamar a dh'obraicheas pròiseas tagraidh Ceum 2?

Aig deireadh a' Ghearrain 2024, thig fios post-d gu gach tagraiche Ceum 1 Prògram Maoineachadh Ioma-bhliadhna ag innse mar a chaidh leotha nan tagradh Ceum 1, agus an deach leotha a thaobh gluasad gu Ceum 2.

Ma thèid leibh ann an Ceum 1, iarraidh am post-d oirbh tagradh Ceum 2 a dhèanamh tron **làrach tagraidh air-loidhne** againn a dh'fhosglas aig **2f Diciadain 6 Màirt 2024** agus a dhùineas aig **2f Diciadain 24 Giblean 2024**.

Mura tèid leibh, thoiribh sùil air **stiùireadh Ceum 1 (duilleag 19)** a thaobh dè an ath rud a thachras.

Gheibh gach tagraiche (soirbheachail is neo-shoirbheachail) leth-bhreac de Aithris Measaidh Ceum 1, a bheir gearr-chunntas air ar sgrùdadh de ur tagradh Ceum 1.

Mar a dh'innsear ann an stiùireadh Ceum 1, ann an Ceum 2 beachdaichidh sinn ann am barrachd doimhneachd ciamar a bheir sibh na geallaidhean a thug sibh seachad ann an Ceum 1 gu buil tro pròiseas a bhios gu ìre mhòr stèidhichte air sgrùdadh ur Plana Gniomhachais.

Chìthear farpais mhòr ann an Ceum 2. The sinn a' gealltainn dèanamh cinnteach gum bi am pròiseas cho cothromach agus cho soilleir agus a ghabhas le stiùireadh soilleir fhoillseachadh a thaobh measaidh agus mar a nithear co-dhùnaidhean deireannach. Mar sin, tha e fìor chudromach gun leugh agus gun tuig gach tagraiche am fiosrachadh san stiùireadh a bharrachd seo.

## Clàr-ama Ceum 2

Foillseachadh stiùireadh Ceum 2	<b>2f, Diciadain 17 Faoilleach 2024</b>
Foillseachadh co-dhùnaidhean Ceum 1	<b>Ro crìoch a' Ghearrain 2024</b>
Làrach a' fosgladh airson tagraidhean Ceum 2	<b>2f, Diciadain 6 Màrt 2024</b>
<b>CEANN-LÀ:</b> Làrach a' dùnadh airson tagraidhean Ceum 2	<b>2f, Diciadain 24 Gearran 2024*</b>
Pròiseas measaidh is co-dhùnaidh	<b>Cèitean – Dàmhair 2024</b>
Gheibh tagraidhean fios mu cho-dhùnaidhean Ceum 2	<b>Ro dheireadh Dàmhair 2024</b>
Ìre cùmhnant	<b>Sultain 2024 – dheireadh Màirt 2025</b>
Maoineachadh loma-bhliadhna a' tòiseachadh	<b>Dimàirt 1 Giblean 2025</b>

### \*FIOS CUDROMACH MUN CEANN-LÀ

Feumaidh sibh ur tagradh slàn a chur tron làrach ro **2f Diciadain 24 Giblein 2024**. 'S e gnothaich an tagraiche a bhith cinnteach gum faighear an tagraidh slàn ron cheann-là seo. Cha toir sinn feart air tagraichean fadalach is cha ghabh sinn ri fiosrachadh ùr no a thuilleadh às dèidh a' chinn-là agus le sin feumaidh tagraichean dèanamh cinnteach gun do chuir iad am fiosrachadh gu lèir a dh'iarrar nuair a chuireas iad an tagradh a-steach.

Molaidh sinn dhuibh gu làidir gun cur sibh romhaibh ur tagradh a chur a-steach ùine mhath air thoiseach air a' cheann-là gus am bithear cinnteach gun cur sibh a-steach ann an deagh thìde e. Mholadh sinn gun cur tagraichean rompa gun tagradh a chur a-steach air an là mu dheireadh ro na h-uairean deireannach ron cheann-là. Airson tuilleadh fiosrachaidh **faicibh duilleag 8**.

## Earrann 3:

# Taic gus ur tagradh Ceum 2 a dhèanamh

### Am feum sibh cuideachadh no taic ruigsinneachd gus ur tagradh a dhèanamh?

Tha Alba Chruthachail airson a bhith cinnteach gu bheil ar pròiseasan tagraidh soilleir agus ruigsinneach do na h-uile. Tha diofar dhòighean againn taic a chumail ribh gus ur tagradh a dhèana

- Faodaidh sinn stiùireadh a thabhann do thagraichean ciamar a nithear tagradh
- Gheibhear taic ruigsinneachd do thagraichean b/Bodhair agus feadhainn ciorramach, a rèir iarrtais gach neach fa leth. An lùib ar taic, gheibhear Eadar-theangairean Cànan Soidhnidh beò airson coinneamhan, agus taic sgrìobhaidh do thagraichean le doille-fhaclan.
- Gheibhear fiosrachadh ann an cruthan agus cànanan eile. Faodar iarraidh ann an cruthan eile, a rèir feuma.
- Gabhaidh sinn ri iarrtasan agus stuthan-taice a tha air an sgrìobhadh ann am Beurla, Gàidhlig no Albais.
- Bidh sinn a' tabhann cuairtean iùil bhidio de ar bileagan tagraidh air-loidhne
- Gheibhear taic phearsanta do dhaoine aig a bheil feuman ruigsinneachd.

### Fios a chur dhan Sgioba Ceist againn

Ma tha cuideachadh, cothrom no taic teicnigeach a dhith oirbh, no ma thathas airson bruidhinn mu cheistean eile mun mhaoin seo, cuiribh fios gun t-Seirbheis Cheist againn.

**Post-d:** [enquiries@creativescotland.com](mailto:enquiries@creativescotland.com)

**Lìon:** Lìonaibh foirm air [an làraich-lìn againn](#)

Tha sinn ag amas air freagairt sgiobalta a thoirt do gach ceist, agus am broinn 10 là obrach. Ma bhios ur ceist èiginneach, innsibh dhuinn agus thig sinn air ais thugaibh cho luath is a ghabhas. Ma tha sibh ag iarraidh bruidhinn ri cuideigin, thoiribh dhuinn ur n-àireamh agus cuiridh sinn àm air dòigh airson ball de sgioba fònadh air ais thugaibh.

## Earrann 4:

# Mar a nithear tagradh

### Mar a nithear tagradh Ceum 2 tron làrach tagraidh air-loidhne againn

Faodaidh sibh ur tagradh Ceum 2 don Phrògram Maoineachadh Ioma-bhliadhna, a chur tro làrach tagraidh air-loidhne Alba Cruthachail [my.creativescotland.com/login](https://my.creativescotland.com/login)

Chan fhaigh ach buidhnean a shoirbhich aig Ceum 1 cothrom air foirm tagraidh Ceum 2 nuair a thèid e beò aig **2f, Diciadain 6 Màrt 2024**. Cuiridh sinn fios gu na tagraichean iomchaidh gu lèir le post-d nuair a bhios foirm Ceum 2 a' dol beò.

Faodar na buidhnean sin ceangal ris an làrach, bruthaibh air 'Maoineachadh' agus 'Maoineachadh Ioma-bhliadhna' a thaghadh às an taghadh de phrògraman maoineachaidh a tha fosgailte an-dràsta ri tagraidhean. Gheibh sibh do thagraidh Ceum 2 agus leth-bhreac de ur tagradh Ceum 1 a luchdachadh a-nuas bhon làrach. Cuideachd, aon uair is gum foillsichear co-dhùnaidhean Ceum 1, gheibh sibh leth-bhreac den Aithris Measaidh Ceum 1 agaibh, a bheir gearr-chunntas air ar sgrùdadh de ur tagradh Ceum 1, agus a thogas cuspairean sam bith air am bi sibh airson beachdachadh aig Ceum 2.

Fhad is a lìonas sibh ur tagradh Ceum 2, faodar obrachadh air dreachd de ur tagradh air-loidhne, sabhalaibh e fhad is a thathas a' dol air adhart agus tilleadh thuige uair sam bith mus cuirear a-steach e ron cheann-là de **2f Diciadain 24 Giblein 2024**.

### Atharraichean nur buidhinn bhon rinn sibh ur tagradh Ceum 1?

Nuair a nì sibh ceangal ris an làrach maoineachaidh, bu chòir dhuibh sùil a thoirt air ur cunntas agus dèanamh cinnteach gu bheil fiosrachadh na buidhne agaibh fhathast ceart. Tha e an urra ris an tagraiche dèanamh cinnteach gu bheil fiosrachadh buidhne, fiosrachadh conaltraidh na lùib, uile ceart. Mura dèanar an leithid is dòcha gun adhbharaich seo gun cail ur buidheann fiosrachadh mura ùraichear fiosrachadh conaltraidh.

Ma thànaig atharrachadh susbainteach sam bith air ur buidhinn bho rinn sibh ur tagradh Ceum 1 – leithid ma dh'atharraich sibh an seòrsa buidhne (rud as dòcha a bheir oirnn sùil eile a thoirt air ur freagarrachd); fiosrachadh conaltraidh ùr no prìomh neach-conaltraidh eadar-dhealaichte dhan tagradh Maoineachadh Ioma-bhliadhna agaibh – innsibh dhuinn. Post-d: [enquiries@creativescotland.com](mailto:enquiries@creativescotland.com).

### Taic a dhìth agus sibh a' lìonadh am foirm iarrais air-loidhne?

Ma tha cuideachadh a dhìth oirbh gus an tagradh air-loidhne a choileanadh air sgàth ciorram no feum ruigsinneachd, faodar bruthadh air putan cuideachaidh 'Cuideachadh Ruigsinneachd' san làrach air-loidhne. Ma bhruthar seo thig fios gun sgioba taic againn mu na feumalachdan agaibh is chan fhada gus an cur neach-fastaidh fios thugaibh. San t-suidheachadh seo, fuirichibh gus an cur sinn fios thugaibh. Nì sinn seo gu sgiobalta agus nì seo cinnteach gum measar ur tagradh agus nach bi bacadh romhaibh.

## A bheil trioblaidean teicnigeach agaibh agus sibh a' lionadh am foirm tagraidh air-loidhne?

Ma bhios trioblaidean teicnigeach agaibh is sibh a' logadh a-steach, a' faighinn gu ur cunntas no a' lionadh ur foirm tagraidh, innsibh dhuinn agus feuchaidh sinn ri ur cuideachadh. Cuiribh post-d gu [enquiries@creativescotland.com](mailto:enquiries@creativescotland.com) agus tillidh sinn air ais thugaibh cho luath is a ghabhas.

Na cuiribh fios dìreach gu luchd-obrach Alba Chruthachail oir is dòcha gun adhbharaich seo dàil mura bi an neach-obrach ri fhaotainn no air saor-làithean. Thoiribh dhuinn tìde gu leòr gus am freagair sinn air na ceistean agaibh.

## A' cur ur tagradh a-steach

Feumaidh sibh ur tagradh slàn a chur tron làrach ro **2f Diciadain 24 Giblein 2024**. Is e seo fìor cheann-là agus cha ghabh sinn ri tagradh sam bith nach tig a-steach gu h-iomlan ro 2f.

Às dèidh dhuibh ur tagradh a chuir a-steach, gheibh sibh fios air ais air post-d. Mura faigh sibh am fios seo, feuch an cur sibh fios thugainn cho luath is ghabhas air an là a chuir sibh ur tagradh a-steach oir is dòcha gu bheil e a' ciallachadh nach d'fhuair sinn an tagradh agaibh.

'S e fhathast dleastanas an tagraiche a bhith cinnteach gum faighear an tagraidh slàn ron cheann-là seo. Cha toir sinn feart air tagraichean fadalach is cha ghabh sinn ri fiosrachadh ùr no a thuilleadh às dèidh a' chinn-là.

Mholaidh sinn gu làidir do gach tagraiche dèanamh cinnteach gum fàg iad tìde gu leòr am foirm tagraidh aca a chuir a-steach ron cheann-là agus nach fhàg iad an tagradh gun mhionaid mu dheireadh.

Ma bhios trioblaid teicnigeach agaibh ur tagradh a chur a-steach, cuiribh post-d aig [enquiries@creativescotland.com](mailto:enquiries@creativescotland.com) cho luath is a ghabhas. Ge-tà, bithibh cinnteach gum fàg sibh tìde gu leòr ron cheann-là tagraidh gus an dèilig sinn ris an trioblaid agaibh.



## Earrann 5:

# Ceum 2 – Foir-shealladh de na dh'fheumas tagraidhean a chur ris an tagradh

Bheir Ceum 2 air tagaichean am fiosrachadh a leanas a chur thugainn.

- **Plana Gnìomhachais** a bhuineas don ùine maoinachaidh 2025-28 le fiosrachadh prògram agus buidseit.
- Freagairtean do **sreath de cheistean** a nochdas sam foirm tagraidh a tha stèidhichte air na h-aon riaghailtean ri Ceum 1.
- **Pro-forma Ionmhaisail** (stèidhichte air teamploid a bheir sinn seachad) gus fiosrachadh ionmhais cunbhalach a thoirt dhuinn mun ùine 2022-2028. Bu chòir dha na suimean a bhith a-rèir an fheadhainn ann am buidseatan a' Phlana Gnìomhachais.
- Mura foillsich ur buidheann a **cunntasan reachdail bliadhna** le Taigh nan Companaidh, no OSCR: Riaghladair Buidhnean Carthannais na h-Alba, feumar an sgrìobhainn as ùire a chur thugainn mar aon de ur sgrìobhainnean taice.

Mar a dh'innsear ann an stiùireadh Ceum 1, airson Ceum 2 iarraidh sinn Plana Gnìomhachais bhuaibh a dhèiligeas ris an ùine obair a chuireas sibh romhaibh airson Maoineachadh Ioma-bhliadhna (2025-28) agus bidh agaibh ri sreath de cheistean a fhreagairt a chomharraicheas fianais shònraichte nur Plana Gnìomhachais a thaobh nan gealladh a sgrìobh sibh aig Ceum 1. **Faicibh duilleag 11** den stiùireadh seo airson mìneachadh nas cuimsichte a bharrachd a thaobh dè tha sinn ag iarraidh a bhith nur Plana Gnìomhachais. Gheibhear stiùireadh mu phlana gnìomhachais a sgrìobhadh **air ar làrach-lìn**.

Ann an Ceum 2 sgrùdaidh sinn am fiosrachadh a nochd sibh nur Plana Gnìomhachais gus beachdachadh ann an doimhneachd feuch ciamar a bheir sibh na geallaidhean a thug sibh seachad ann an Ceum 1 gu buil. Bidh na ceistean agus am pròiseas measaidh stèidhichte air na h-aon riaghailtean ri Ceum 1, ach ann an Ceum 2 bidh sinn ag iarraidh fianais a nochdas gun gabh an obair a tha sibh a' moladh a choileanadh agus gum bi duais sam bith a gheibh sibh a rèir nam buil a tha sibh ri moladh.

### Sgrìobhainnean taic

Mar a dh'innsear gu h-àrd, feumaidh na tagraichean gu lèir na sgrìobhainnean a leanas a chur thugainn nuair a chuireas iad an tagradh a-steach:

- Plana Gnìomhachais
- Pàipearan-taice a' Phlana Gnìomhachais (ma thathas eadar-dhealaichte bhon phrìomh plana)
- Pro-forma Ionmhaisail lomlan
- Leth-bhreac de na cunntasan bliadhna as ùire agaibh (mura faighear an leithid tro Thaigh nan Companaidh no OSCR)

Chan fheumar is chan iarrar sgrìobhainnean taic eile.

## Earrann 6:

# Ceistean agus fiosrachadh a bharrachd Ceum 2

### Ceistean tagraidh

Airson Ceum 2, bidh an t-aon chruth air na ceistean ri Ceum 1, ach bidh sinn a' cuimseachadh aig an ìre seo air tagraichean innse dhuinn càite an lorg sinn fianais sa Phlana Gnìomhachais agaibh a nochdas gun coilean sibh an obair a chuir sibh romhaibh nur tagradh Ceum 1. Le sin, tha e cudromach gun toir sibh feart air na freagairtean a thugadh seachad do cheistean Ceum 1.

Gheibhear làn liosta de na ceistean sin ann an **Pàipear-taice 1**. Tha sinn gan innse an seo gus an ullach daoine an tagraidhean mus fhosgail an làrach tagraidh air-loidhne sa Mhàrt. Bidh crìoch uachdrach de mu 250 facal aig gach ceist far am bu chòir dhuibh ceangal a dhèanamh ris an fhianais nur Plana Gnìomhachais a sheallas mar a fhreagras sibh air na riaghailtean buntainneach. Tha sinn airson tuigsinn chan e dìreach na tha sibh a' cur romhaibh ach cuideachd ciamar, agus carson.

Chan iarr sinn air tagraichean freagairtean iomraidh ùra na a thuilleadh a thoirt seachad nuair a fhreagras iad na ceistean sa bhileag tagraidh. Is ann a tha sinn ag iarraidh oirbh iomradh a thoirt air duilleagan sa Phlana Gnìomhachais agaibh far am faigh sinn am fiosrachadh no co-theacsa a chuireas taic ri ur freagairtean aig Ceum 1. Feumaidh sibh iomradh a thoirt gu soilleir is gu mionaideach nuair a nì sibh seo, a' toirt dhuinn àireamh duilleige agus earrainn den Phlana Gnìomhachais agaibh (leithid, “duilleag 11, Earrainn 5.3, paragraf 2”).

Ma tha beachd no uireasbhaidhean sònraichte co-cheangailte ris ur tagradh Ceum 1 a chaidh a chomharrachadh nur n-Aithisg Measaidh Ceum 1, faodar dèiligeadh riutha sin nur freagairtean do na ceistean iomchaidh agus ar stiùireadh gu tuilleadh fiosrachaidh nur Plana Gnìomhachais mar a bhios iomchaidh.

Ma bhios atharraichean susbainteach eadar ur freagairtean do Ceum 1 agus ur Plana Gnìomhachais, feumaidh sibh innse dhuinn nur freagairtean anns na h-earrainnean iomchaidh den bhileag tagraidh. Is dòcha gun saoil sinn gur dòcha gun atharraich diofaran susbainteach buil Ceum 1, agus gur dòcha gun dèan sin ur tagradh Ceum 2 neo-iomchaidh. Ged a dh'iarras sinn oirbh prìomh earrainnean ur Plana Gnìomhachais a chomharrachadh, leughaidh luchd-sgrùdaidh ur prìomh Plana Gnìomhachais gu lèir, agus ma chomharraicheas iad neo-chunbhalachdan soilleir eadar ur tagradh Ceum 1 agus ur tagradh Ceum 2 (a' gabhail a-steach ur Plana Gnìomhachais), is dòcha gum measar ur tagradh neo-iomchaidh.

## Ur Plana Gnìomhachais

A thaobh a' Phlana Gnìomhachais chan fheum sibh sgrìobhainn ullachadh a dh'aon gnothaich do Alba Chruthachail. Faodaidh sibh sgrìobhainn a rinneadh mar-thà a chleachdadh ma tha an leithid agaibh, ach feumaidh e buntainn ris an ùine eadar 1 Giblein 2025 agus 31 Màrt 2028.

Nuair a bhruidhneas sinn mu 'Phlana Gnìomhachais' tuigidh sinn gun cleachd buidhnean abairtean eadar-dhealaichte: thoiribh seachad a' phrìomh phlana corporra no ro-innleachdail a chleachdas ur buidhinn gus ur n-obair a stiùireadh. Ma chuidicheas e, dh'fhoillsich sinn stiùireadh gus Plana Gnìomhachais a sgrìobhadh, agus gheibhear seo **air ar làrach-lìn**.

Bidh dùil againn gum bi ur Planaichean Gnìomhachais soilleir agus aithghearr le deagh chothromachadh de rosg agus àireamhan. Bu chòir cho beag ath-aithris a bhith annta agus a ghabhas. Air duilleag 8 de **'Stiùireadh Planadh Gnìomhachais do bhuidhnean cruthachail is cultarach'** ceangailte, innsear 'Cò ris a tha deagh Phlanaichean Gnìomhachais coltach?' agus tha dùil againn gun lean Planaichean Gnìomhachais seo san fharsaingeachd. Tha seo a' ciallachadh nach bu chòir dhaibh a bhith càil nas fhaide na 25 duilleagan (gun pàipearan-taice).

Mar a dh'innsear a cheana, bu chòir gum faigh tagraichean air iomradh a thoirt air duilleagan/earrainnean sònraichte nur Phlana Gnìomhachais far am faigh sinn am fiosrachadh no co-theacsa a chuireas taic ri ur freagairtean aig Ceum 1.

Bu chòir pàipearan-taice iomchaidh ainmeachadh gu soilleir sa phrìomh Phlana Gnìomhachais. Bu chòir pàipearan-taice fiosrachadh agus fianais cuideachail a bharrachd a thoirt seachad, a' co-thaobhadh gu dìreach le ur prìomh phlana, gun prionnsabalan ùr a thoirt a-steach. Bu chòir fiosrachadh a bhith nan lùib a chuireas taic ris an tagradh agus a bhuineas do na riaghailtean. Bu chòir fiosrachadh gu lèir a bhith soilleir, cuimsichte agus goirid.

Is dòcha gun cleachd sinn na pàipearan-taice mar thobair de dh'fhiosrachadh iomraidh gus an tuig sinn ur Plana Gnìomhachais agus ur freagairtean do cheistean Ceum 2 nas fheàrr. Aithnichidh sinn gur dòcha gun cur ar riaghailtean feum air fiosrachadh nach eil nur Plana Gnìomhachais mar-thà agus le sin faodar pàipearan-taice a chuir na lùib le fiosrachadh a bharrachd ma shaoileas sibh gu bheil seo a dhith. Faodaidh iad seo dèiligeadh ri, mar eisimpleir:

- fiosrachadh mu ur prògram
- tuairmsean buidseat/ionmhais
- fios mu ur planaichean taic a chur ri EDI, Seasmhachd Àrainneachd, Obair Chothromach is an leithid
- fios ciamar a dhèiligeas sibh ri cunnart.

Ach, cha toir sinn sùil air pàipearan-taice sam bith a mheasas sinn a bhith neo-riatanach, no nach dèilig gu dìreach ri riaghailtean an tagraidh agus chan eil gealltanais sam bith ann gun toirear sùil air fiosrachadh sna pàipearan-taice no gun gabhar a-steach e a thaobh measadh ur tagraidh. Le sin, bu chòir dhuibh a bhith cinnteach gun cuir sibh fiosrachadh dhan phrìomh Phlana Gnìomhachais agaibh, ma shaoileas sibh gur e pàirt riatanach no brìghmhor de ur tagradh a tha ann, no ma thathas ag iarraidh beachdachadh air sa mheasadh.

## Ur prògram

Bu chòir ur prògram airson Ceum 2 a bhith nur Plana Gnìomhachais agus pàipearan-taice agus bu chòir fiosrachadh gu leòr a bhith na chois gus an tuig sinn structur ur prògraim agus na goireasan a dh'fheumar gus a thoirt gu buil. Is dòcha gum bi ainmean luchd-ealain no cinn-là ainmichte far an aithnichear iad nan lùib, ach nuair nach aithnichear an leithid, bu chòir frèama farsaing a bhith ann le fiosrachadh gu leòr do luchd-measaidh gus an tuig iad ciamar a bheir e na bhios nur tagradh gu buil.

Bidh làn dhùil againn nach fhaigh gach tagraiche air fiosrachadh iomlan a chur thugainn airson nan trì bliadhna gu lèir de ùine a' Phrògraim Maoineachadh loma-bhliadhna nuair a nithear an tagradh, ach iarraidh sinn oirbh uiread a thoirt dhuinn is a ghabhas agus a tha aithnichte nuair a nì sibh ur tagradh. Beachdaichidh sinne air carson a dheasaich sibh ur tagradh mar a rinn sibh, cho mòr is cò nochdas nur prògram. Tha sinn airson tuigsinn mar a bheir na h-eileamaidean den phrògram ur n-amasan agus ur ceann-uidhe gu buil, agus mar sin, ged nach biodh fios agaibh cò leis a bhios sibh ag obair, tha sinn airson faighinn a-mach dè na rùintean a tha air cùl co-dhùnaidhean prògram sam bith san àm ri teachd, mar a nì sibh ur gnìomhan, agus shaoil cò bhunaicheas asta.

A bharrachd air an sin, bidh an obair prògram nur tagradh na bhonn aig ur cùmhnant/aonta maoineachaidh ma gheibh sibh ionmhas. Le sin, nuair a dh'ainmicheas sinn co-dhùnaidhean Ceum 2 aig deireadh Dàmhair 2024, is dòcha gun cleachd sinn eisimpleirean bho na prògraman obrach aig buidhnean a gheibh maoineachadh, mar phàirt den chonaltradh nas fharsainge againn mun mhaoin, gus an raon de ghniomhachd a thaisbeanadh dan toir am Prògram Maoineachaidh loma-bhliadhna taic agus na builean a thig às. Gabhaidh sinn am fiosrachadh seo bho na planaichean prògraim nur Phlana Gnìomhachais agus nur tagradh agus le bhith a' cur an fhiosrachaidh seo a-steach nur tagradh agus nur Phlana Gnìomhachais, tha sibh ag aontachadh gum faod sinn am fiosrachadh a chleachdadh san dòigh seo.

## Fiosrachadh ionmhais

Iarraidh sinn oirbh innse na thathas ag iarraidh gu lèir de dh'ionmhais san tagradh, gus fiosrachadh air a' phrògram 3 bliadhna de ghniomhachd. Bheir sinne seachad an treas cuid den seo ann an gach tè de na 3 bliadhna.

Le sin, tha sinn ag iarraidh ionmhasan ur buidhne a thuigsinn ann an dàimh ris a' ghniomhachd a tha nur n-amharc. Nì sinn seo le:

- na buidseatan a dh'innsear ur Plana Gnìomhachais agus
- am **Pro-forma Ionmhasail** iomlan (stèidhichte air an teampalaid a bheir sinn seachad) agus
- is dòcha gun toir sinn sùil air ur cunntasan a dh'fhoillsichear ann an **Taigh nan Companaidh, Riaghladair Buidhnean Carthannais na h-Alba (OSCR)**, no a thig bhuaibh fhèin mar sgrìobhainn taice thugainn mura foillsichear iad sna h-àitichean sin.

## Na buidseatan a dh'innsear nur Plana Gnìomhachais

Bu chòir don fhiosrachadh ionmhais nur Plana Gnìomhachais a bhith ann an doimhneachd gu leòr gus an tuig sinn ciamar a bheir sibh ur prògram gu buil agus dèanamh a-mach a bheil na h-àireamh a thugadh seachad reusanta a thaobh an seòrsa agus meud gnìomhachd a thathas a' moladh.

## Pro-forma Ionmhasail

Bu chòir dhan **Pro-forma Ionmhasail** ar cuideachadh ur cor ionmhais a thuigsinn agus a mheas ro agus rè ùine a' mhaoineachaidh. Tha sinn ag iarraidh oirbh fiosrachadh ionmhais a thoirt dhuinn (ma bha ur buidheann ri obair) airson nam bliadhna ionmhais, 2022/23, 2023/24 agus 2024/25 mar loidhne bhunait gus an tuig sinn an taobh a tha teachd-a-steach is cosgaisean a' gabhail, a bharrachd air an ùine de mhaoineachadh iomadh-bhliadhna 2025/26, 2026/27 agus 2027/28. Feumaidh am fiosrachadh seo a bhith ann an doimhneachd gu leòr gus an tuig sinn anns a' bhitheantas cò às a tha teachd-a-steach a' tighinn is càite a bheil cosgaisean a' dol: bheir e dhuinn fiosrachadh ionmhas air bonn chunbhalach bho na tagraichean gu lèir.

Ma bhuineas a' bhuidheann a tha ri tagradh do bhuidhinn nas motha (leithid a' bhuidheann tagraidh na pàirt de bhuidhinn nas motha samhail ùghdarras ionadail no Oilthigh), bu chòir am fiosrachadh a bheirear seachad cuimseachadh air a' bhuidhinn tagraidh (far an gabh a dhèanamh). Ge-tà, bhiodh sinn a' sùileachadh làn soilleireachd a thaobh riaghladh agus dàimhean ionmhais a tha eadar a' bhuidhinn tagraidh agus a' bhuidheann nas motha.

## Cunntasan le fiosrachadh làithreach

Bidh sinn cuideachd ag iarraidh cothrom air na cunntasan as ùire den bhuidhinn agaibh. Ma tha iad sin ri fhaotainn an dà chuid aig **Taigh nan Companaidh** no **Riaghladair Buidhnean Cathrannais na h-Alba (OSCR)** chan fheum sibh an toirt seachad. Mura h-eil iad ri fhaotainn feumaidh sibh na cunntasan bliadhnail a thoirt seachad mar sgrìobhainn taice.

## Ciamar a chleachdas sinn am fiosrachadh seo

Nochdaidh na cunntasan sin an taice ri ur Plana Gnìomhachais mar a bhios ur sruthan teachd-a-steach ag atharrachadh rè ùine agus ciamar a chaitheas sibh an t-airgead gus ur prògram a choileanadh.

Mas e am Maoineachadh loma-bhliadhna a thathas ag iarraidh a' phrìomh seanail de mheudachadh teachd-a-steach, iarraidh sinn oirbh mìneachadh carson a dh'fheumar seo agus dè na seanailean de theachd-a-steach eile a thathas a' lorg. Beachdaichidh sinne a bheil ur freagairtean a' dearbhadh gum feumar an t-ionmhas a thathas ag iarraidh.

A rèir an fhiosrachaidh ionmhais seo, beachdachaidh sinn a bheil cunnart àrd, meadhanach no ìosal aig ur buidhinn mu choinneamh trioblaidean ionmhais rè ùine a' mhaoineachaidh. Bheir am fiosrachadh co-theacsa do mheasadh a rèir nan riaghailtean.

Bidh dùil againn ionmhas a thoirt do bhuidhnean às gach tè de na roinnean-seòrsa sin agus cleachdaidh sinn am fiosrachadh sin a thaobh ar pròiseasan sgrùdaidh agus taic a gheurachadh.

---

## Earrann 7:

# Pròiseas Co-dhùnaidh

### Ceum 2 - Sgrùdadh airson freagarrachd agus iomlanachd

Chaidh na tagraichean an sgrùdadh mar-thà aig Ceum 1 airson freagarrachd, ach ma thànaig atharrachadh susbainteach sam bith air ur buidhinn bho rinn sibh ur tagradh Ceum 1 – leithid ma dh’atharraich sibh an seòrsa buidhne – is dòcha gun toir seo oirnn sùil eile a thoirt air ur freagarrachd. Ma nì sinn seo, agus ma mheasar ur tagradh neo-fhreagarrach, cuirear fios thugaibh, innsear na h-adhbharan agus cha tèid ur tagradh càil nas fhaide.

Aon uair is gu bheil ceann-là Ceum 2 seachad, measar gach tagradh a gheibhear airson iomlanachd. 'S e dleastanas an tagraiche a bhith cinnteach gum faighear an tagraidh slàn ron cheann-là. Cha ghabh sinn ri tagraidhean fadalach às dèidh a' cheann-là no ri tagraidhean ann an cuid far a bheil fiosrachadh susbainteach a dhith. Ann an leithid de shuidheachadh, cha tèid ur tagradh càil nas fhaide. Seo am facal deireannach is chan atharraichear e.

Ge-tà, ma thig ur tagradh, agus gun nochd ar sgrùdadh uireasbhaidhean beaga de dh'fhiosrachadh no ath-aithris is dòcha a thachair air sgàth adhbhar teicnigeach, cuiridh sinn fios thugaibh agus glèidhidh sinn an sochair cothrom ghoirid, le ùine cuingichte, a thoirt do thagraichean mì-rèite sam bith a chur ceart.

### Ceum 2 – Measadh

Cuirear gach tagradh iomlan Ceum 2 gu sgioba measaidh de eòlaichean aig am bi cothrom air fiosrachadh agus measadh ur tagradh Ceum 1. Ann an Ceum 2 beachdaichidh sinn ann am barrachd doimhneachd ciamar a bheir sibh na geallaidhean a thug sibh seachad ann an Ceum 1 gu buil tro pròiseas a bhios gu ìre mhòr stèidhichte air sgrùdadh ur Plana Gniomhachais.

Aig an ìre seo, gabhaidh e a bhith fhathast gum measar tagradh neo-fhreagarrach ma nochdas tagradh Ceum 2 inbhean susbainteach de ghnìomhachd sa phrògram nas mionaidiche nach eil culturach is nach buin do dh'obair Alba Chruthachail. Ma thachras seo, cuiridh sinn post-d thugaibh agus innsidh sinn dhuibh carson.

A thaobh nan tagradh freagarrach, beachdaichidh an sgioba measaidh air an fhiosrachadh a bheirear seachad. Ann an suidhichidhean sònraichte is dòcha gun cur sinn fios air tagraiche gus fiosrachadh mionaideach nach eil soilleir a dhearbhadh/shoillearachadh. Cha bhuin seo do fhiosrachadh ùr no a bharrachd, agus chan fhaigh an tagraiche air tuilleadh fiosrachaidh a thoirt seachad aig an ìre seo. 'S e gnothaich an tagraiche dearbhadh gu bheil am fiosrachadh gu lèir a bheirear seachad soilleir, fìor agus ceart. Tha e buailteach gum measar tagraidhean nach ruig an inbhe seo mar neo-shoirbheachail.

Measar gach tagradh a rèir nan aon riaghailtean ri Ceum 1 agus measar gach tagradh Ceum 2 a rèir gach tomhais (0-4) air a bhonn a leanas:

- 0 Glè bheag fianais, ma bha i idir ann, gu bheileas a' freagairt air riaghailt.
- 1 Fianais lag gu bheileas a' freagairt air riaghailt
- 2 Fianais ann am pàirt gu bheileas a' freagairt air riaghailt.
- 3 Deagh fhianais gu bheileas a' freagairt air riaghailt.
- 4 Fianais anabarrach gu bheileas a' freagairt air riaghailt

Dìreach mar ann an Ceum 1, feumaidh tagraichean Ceum 2 gu lèir co-dhiù 3 comharran fhaighinn an aghaidh gach cuid Riaghailtean 'Càileachd is Miann-adhartais' agus 'Conaltradh' agus feumaidh iad cuideachd co-dhiù 2 fhaighinn mu choinneamh gach Slat-tomhais coileanta eile airson a dhol air adhart gu ìre Sgrùdadh Pasgain, agus beachdachadh air ionmhas.

Measaidh sinn na buidhnean gu lèir an aghaidh nan riaghailtean ro-innleachdail againn, agus thèid na measaidhean le comharran tro phròiseas a bharrachd eile sa bhuidhinn feuch a bheil am pròiseas measaidh againn cunbhalach agus math mus cuirear na measaidhean gu lèir còmhla ann an liosta deireannach de bhuidhnean air am beachdaichear airson ionmhais.

Cleachdaidh sinne builean a' phròiseas measaidh gus co-dhùnadh dè na tagraidhean a fhuair as motha de chomharran thairis air na riaghailtean agus is ann a rèir nan comharran sin a cho-dhùnar de na buidhnean a bhios sa phròiseas Sgrùdadh Pasgain a bhios na bhunait aig a' cheann thall do na molaidhean a bheirear do Bhòrd Alba Chruthachail.

### **Buidhnean Sgrìn**

Thoiribh fa-near mar a dh'innsear san stiùireadh Ceum 1: measaidh luchd-obrach Sgrìn Alba na tagraidhean bho bhuidhnean Sgrìn a bhios airson a dhol ann an dàimh maoineachaidh ro-innleachdail le Sgrìn Alba, agus sin anns na sgiobaidhean measaidh, agus cumar coinneamh sgrùdaidh Sgrìn Alba air leth.

## **Ceum 2 – Sgrùdadh Pasgain**

San stiùireadh Ceum 1 den Phrògram Maoineachadh Ioma-bhliadhna a dh'fhoillsichear san Iuchar 2023, thug sinn iomradh aithghearr air pròiseas ceum Sgrùdadh Pasgain.

Mar a dh'innsear gu h-àrd, measar tagraidhean a rèir nan riaghailtean maoineachaidh foillsichte. Às dèidh seo, leigidh am pròiseas Sgrùdadh Pasgain leinn beachd a ghabhail mun fharsaingeachd nàiseanta, riarachadh agus iomadachd na gnìomhachd uile a mholar, gus dèanamh cinnteach gum bi am pasgan deireannach cho làidir is a ghabhas.

Rinneadh am pròiseas Sgrùdadh Pasgain gus am bi cothrom ann beachdachadh air earrainnean a' phasgain gu lèir agus sùil a thoirt air beàrnan cudromach sam bith san liosta den fheadhainn a mholar airson taic, agus mar a ghabhas dèiligeadh ris na beàrnan sin, an dàrna cuid tron mhaoin seo no tro eadar-theachdan eile.

Comharraichidh e uireasbhaidhean trì ‘lionsaichean’ ro-innleachdail, as iad:

### **Iomadachd aig an stiùir**

Tha seo ann an dàmh ri ar **Toraidhean Co-ionannachdan**, gu sònraichte ‘Toradh Co-ionannachd 1: *Freagraidh ar sgaoileadh ionmhais barrachd agus bidh e nas motha a rèir feuman follaiseach coimhearsnachdan diofraichte na h-Alba agus sluagh na dùthcha a tha a’ sior-fhàs nas eadar-mheasgte.*’ Gabhaidh e a-steach beachdachadh air cothroman fàs a thoirt air iomadachd na roinne, cothroman a bhios follaiseach a-mhàin aig ìre pasgain.

### **Suidheachaidhean ionadail**

Tha seo ann an dàmh ri ar **Frèam Ro-innleachdail** agus Prionnsabail Làraich: ‘*A’ freagairt air suidhichean ionadail, ag adhartachadh leasachadh ealain agus seasmhachd gnìomhachais air feadh Alba*’. Gabhaidh e a-steach beachdachadh air eadar-eisimeileachdan stèidhichte air àite a bhios follaiseach a-mhàin aig ìre pasgain.

### **Dèanamh cinnteach à àrainneachd èifeachdach nàiseanta**

Tha seo ann an dàmh ri ar **Frèam Ro-innleachdail**: ‘*A’ freagairt air suidhichean ionadail, ag adhartachadh leasachadh ealain agus seasmhachd gnìomhachais air feadh Alba*’. Gabhaidh e a-steach beachdachadh air eadar-eisimeileachdan ealain a bhios follaiseach a-mhàin aig ìre pasgain.

### **Mar a chleachdar na lionsaichean sin gus co-dhùnaidhean a ruighinn**

Cleachdaidh ceum Sgrùdadh Pasgain na lionsaichean sin a-mhàin aon uair is gu bheileas air na tagraidhean a mheas a rèir nan Riaghailt Maoineachaidh. Cuidichidh na lionsaichean an uairsin ar co-dhùnaidhean deireannach a stiùireadh gus am bi am pasgan as treise againn agus coltas ann nach bi airgead againn gus taic a chur ri gach buidhinn a dh’iarras i, nam measg feadhainn a nochdas le deagh argamaidean airson taic.

Cha bhonntaich sinn co-dhùnadh maoin a thoirt do bhuidhinn a-mhàin air mar a chìthear iad tro na lionsaichean ro-innleachdail sin, oir feumaidh buidhnean sealltainn, air thoiseach air a h-uile càil eile, mar a tha iad a’ freagairt gu h-èifeachdach air ar riaghailtean. Mas e is gun nochd an Sgrùdadh Pasgain uireasbhaidhean sònraichte sa phasgan deireannach, is dòcha gun leasaich sinn iad sin le aon no tuilleadh bhuidhnean a thoirt a-steach as dòcha nach biodh (a rèir nan comharran a-mhàin) soirbheachail.

Ma shaoilear nach gabh uireasbhaidh comharraichte a leasachadh à taobh staigh nan tagradh a fhuaradh beachdaichidh sinn air eadar-theachdan ro-innleachdan eile, samhail prògram obrach cuimsichte. Far am faicear seo, innsidh sinn aon uair is gu bheil pròiseas Maoineachadh loma-bhliadhna seachad.



## Co-dhùnaidhean Bòrd Alba Chruthachail

Is ann aig Bòrd Alba Chruthachail a tha uallach co-dhùnadh a' Phrògram Maoineachaidh Ioma-bhliadhna Co-dhùnaidh am Bòrd cò iad na buidhnean a shoirbhicheas agus nach soirbhich nan tagraidhean airson a' Phrògram Maoineachadh Ioma-bhliadhna. Gheibh am Bòrd am fiosrachadh a tha a dhìth gus an dèanar na co-dhùnaidhean gu h-èifeachdach.

Mar phàirt den phròiseas Sgrùdadh Pasgain, cumar coinneamhan a' gabhail a-steach stiùirichean ealain/seòrsa Alba Chruthachail agus Àrd-stiùirichean gus dèanamh cinnteach gun tug an liosta mu dheireadh de bhuidhnean a mholar airson maoineachadh feart air na lionsaichean a tha gam mineachadh gu h-àrd.

Bheirear am pasgan a mholar gu Bòrd Alba Chruthachail airson breithneachadh dheireannaich agus co-dhùnaidhean. Gheibh am Bòrd fiosrachadh cuideachd mu na buidhnean nach eil anns a' phasgan a mholar. Faodaidh am Bòrd gabhail ris a' phasgan a mholar no am pasgan atharrachadh gus an ruig iad an co-dhùnadh deireannach.

Innsidh am Bòrd cò iad na buidhnean a gheibh ionmhas a bhios sa phasgan a mus ainmichear na co-dhùnaidhean sin. Cumaidh Alba Chruthachail sùil an uair sin air na h-aontaidhean maoineachaidh agus an ìre chur an gnìomh.

## Naidheachd cho-dhùnaidhean

Gabhaidh Bòrd Alba Chruthachail a cho-dhùnaidhean deireannach aig coinneamh a' Bhùird san Dàmhair 2024, agus bheir sinn fios do na tagraichean gu lèir mar a chaidh dhan tagradh aca, agus ar n-adhbhairean son a' cho-dhùnaidh seo ro dheireadh Dàmhair 2024.

Mar a dh'innsear ro-làimh, tha dùil againn gun iarr na tagraichean còmhla barrachd ionmhais na bhios anns a' bhuidseat agus feumar co-dhùnaidhean duilich a ghabhail. Is dòcha gun co-dhùin Bòrd Alba Chruthachail gun toir iad maoin do thagraiche a bhios aig an ìre a dh'iarradh, nas lugha na dh'iarradh, no gun duais idir a thoirt seachad.

Ma bhios an duais nas lugha na an suim a dh'iarradh innsidh sinn carson. Sa bhitheantas, bheirear duais nas lugha airson aon no barrachd de na h-adhbhairean a leanas:

1. Cha robh bonn argamaid gu leòr an cois an fhiosrachaidh a thug an tagraiche seachad airson na h-ìre maoineachaidh a dh'iarradh.
2. Bha an earrainn de maoineachaidh a bhathas ag iarraidh bho Alba Chruthachail an taca ri tobraichean teachd a-steach eile ro àrd agus cha robhas a' faireachdainn gun robh e co-rèireach
3. Ann an co-theacs pròiseas farpaiseach, agus airgead cuibhrichte, sheall tagraichean eile gun cuireadh iad barrachd ri slatan-tomhais na maoin.

**Thoiribh fa-near:** Thig a' mhòr-chuid den taic dhan mhaoin seo bho Thabhartasan-cuideachaidh Riaghaltas na h-Alba againn, le na h-uibhir de thaic bhon Chrannchur Nàiseanta gus cur ris a' bhuidseit san fharsaingeachd. Bidh tabhartas sam bith an eisimeil dearbhadh gun tig ionmhas Alba Chruthachail bho Riaghaltas na h-Alba. Innsidh sinn na gheibh buidhnean anns na bliadhnaichean air thoiseach aon uair is gu bheil dearbhadh aig Alba Chruthachail mu a chuid ionmhais fhèin bho Riaghaltas na h-Alba. Ged a nì sinn ar dìcheall cumail ri gach aonta tabhartas, ma ghearrar ar buidseat bho Riaghaltas na h-Alba sna bliadhnaichean air thoiseach buailidh seo air ar comas cumail ri na inbhean maoineachaidh ainmichte.

## Tagraichean soirbheachail

**Ma shoirbhicheas le ur tagradh, innsidh sinn dhuibh air post-d,** a' dearbhadh na thathas a' tabhann de dh'airgead rè nan trì bliadhna den phrògram. Nuair a dh'ainmicheas sinn co-dhùnaidhean Ceum 2 aig deireadh na Dàmhair 2024, is dòcha gun chleachd sinne eisimpleirean às a' phrògram obrach a tha nur rùn mar phàirt den chonaltradh nas fharsaing againn mun mhaoin is mun fheadhainn a gheibh taic. **Faicibh duilleag 24** airson tuilleadh fiosrachaidh.

### Aontaidhean Maoineachaidh

Obraichidh sinn còmhla ribh gus Aonta Maoineachaidh a chruthachadh a mhinicheas am prògram a dh'aontaich sibh a dhèanamh leis an airgead. Bidh susbaint an Aonta Maoineachaidh seo stèidhichte air an fhiosrachadh a thig nur tagradh agus aontaichidh is soidhnichidh an dà thaobh e. A' toirt fa near gur dòcha gum faighear nas lugha airgead na dh'iarraidh, cuiridh sinn fios thugaibh gus bruidhinn mu ur planaichean, ciamar a dh'obraicheas sinn còmhla, agus a chumar sùil air na planaichean a chuir an sàs. An uair sin cuiridh sinn Aonta Maoineachaidh foirmeil thugaibh agus bidh dùil againn cùmhnant aontachadh ron Ghearran 2025, air thoiseach air a' chiad earrainn do dh'airgead a' tighinn sa Ghiblein 2025.

### Maoineachadh a bhuileachadh

Gheibh sibh ar n-airgead ann an ceithir tabhartasan ràitheil gach bliadhna: sa Ghiblein, an Iuchar, an Dàmhair agus san Fhaoilleach. Bidh buileachadh nan duais sin an eisimeil buidhnean a' dèanamh cinnteach gun cùm iad suas ri na h-uallaichean aithris a mhinichear gu h-ìosal.

Ma tha ur buidheann mar-thà a' faighinn taic bho mhaoin samhail Maoin Fhosgailte do Bhuidhnean a' Chrannchuir Nàiseanta, Maoin Prògram Leudaichte a' Chrannchuir Nàiseanta, Maoin nan Turas, no sruthan cuimsichte eile, airson gnìomhan a' dol seachad air 1 Giblein 2025, chan ionnann ur Maoineachadh loma-bhliadhna ris an leithid sin. Bruidhnidh sinn mu phlana gluasad eadar-ama nuair a nithear cumhnantan agus is dòcha gun atharraich ur duais Maoineachadh loma-bhliadhna ma tha dùblachadh le airgead a thig mar-thà airson nan aon gnìomhan.

Tha sinn cuideachd ag iarraidh gum bi buidhnean a gheibh maoin a bhith le na pàipearan aca le Taigh nan Companaidh agus OSCR ceart is òrdail rè ùine a' mhaoineachaidh. Mura bi, is dòcha gum feum sinn sùil eile a thoirt air ur Aonta Maoineachaidh agus ur tabhartasan airgid.

**Thoiribh fa-near:** bidh bacadh air buidhnean a gheibh tairgse Maoineachadh loma-bhliadhna bho bhith tagradh airson cuid de mhaoin eile a bhios Alba Chruthachail a' stiùireadh. Innsidh an stiùireadh ionmhais airson nam prògram beò a gheibhear bho dheireadh 2024 a bheil cothrom aig buidhnean le Maoineachadh lomadh-bhliadhna no nach eil.

## Ag obair còmhla ri Alba Chruthachail mar Bhuidheann le Ionmhas Ioma-bhliadhna

Aon uair is gu bheil an t-Aonta Maoineachaidh aonaichte, cuiridh sinn fiosrachadh nas mionaidiche gu na buidhnean le Maoineachadh Ioma-bhliadhna agus innse mar a dh'obraichean sinn còmhla rè na h-ùine maoineachaidh.

Cuideachd, feumaidh buidhnean le Maoineachadh Ioma-bhliadhna aithris a chur thugainn air a' bhonn a leanas:

- **Aithris Dàta Bhliadhna** anns a bheil iomradh luchd-obrach; fiosrachadh mu ur n-obair le luchd-ealain agus luchd-obrach cruthachail; dàta co-ionannachd; dàta ionmhasail; dàta conaltraidh agus fiosrachadh mu ghnìomhachd eadar-nàiseanta mar a bhios iomchaidh. Ullaichear an aithris seo a rèir nan toradh aonaichte aig ur buidheann agus ur gnìomhachd.
- **Aithris Dàta Luchd-amhairc:** feumaidh buidhnean a bhios ri obair air beulaibh an t-sluaigh fiosrachadh a chumail ri buidhinn leasachaidh seirbhisean luchd-amhairc ainmichte (san àm seo The Audience Agency). Far a bheil e iomchaidh, is dòcha gun gabh seo a-steach rannsachadh luchd-amhairc cunbhalach gus an tuigear cruth buidhnean luchd-amhairc nas fheàrr. Leigidh an t-seirbhis seo le Alba Chruthachail aithris a dhèanamh mu chruinneachadh dàta buidhnean luchd-amhairc san fharsaingeachd, mar thaic do bhuidhnean a tha an sàs le co-dhùnidhean gnìomhachais, prògram agus sanasachd.
- **Plana Gnìomh Co-ionannachdan, Iomadachd agus Ion-ghabhaltachd (EDI):** feumaidh buidhnean Plana EDI ullachadh agus a chur an sàs a bhuineas do na gnìomhan uile, nam measg riaghladh, fastadh, prògram, sanasachd, leasachadh buidhnean luchd-amhairc agus conaltradh coimhearsnachd. Cuiridh sinne taic ri buidhnean Planaichean Gnìomh EDI ullachadh, le comhairle, stiùireadh agus iùil, agus bu chòir ath-shùil a thoirt air gach bliadhna. Gheibhear stiùireadh mu phlanadh Gnìomhachd EDI air làrach-lìn Alba Chruthachail.
- **Pàigheadh/Obair Chothromach:** feumaidh gach buidheann a gheibh ionmhas Tabhartas-cuideachaidh Riaghaltas na h-Alba innse gu bheileas a' pàigheadh am Fìor Thuarastal Bith-beò agus gu bheil ullachadh airson Guth Èifeachdach Luchd-obrach an sàs nur buidhinn mur toirear ionmhas seachad. Iarraidh sinn oirbh innse gu bheil seo an sàs mus tòisich maoineachadh sa Ghiblein 2025, agus feumaidh seo innse a-rithist airson gach bliadhna dam faigh sibh airgead. Tha dùil aig Riaghaltas na h-Alba gun cur buidhnean a gheibh taic-airgid brath a chur air an làrach-lìn aca a' nochdadh an dealas don phrògram Obair Chothromach an Toiseach. Airson barrachd fiosrachaidh a thaobh na thathas a' sùileachadh mu aithris Obair Chothromach thigibh gu làrach-lìn Alba Chruthachail.
- **Aithris Àrainneachd Bhliadhna:** feumaidh buidhnean aithris àrainneachdail bhliadhna a chur a-steach tro 3mh pàrtaidh (Carbon Cruthachail Alba an-dràsta) co-cheangailte ri cuspairean lasachaidh, atharrachadh, ceartas gnàth-shìde agus eaconamaidh a chuidicheas an àrainneachd. Cuideachd, mar a dh'fhàsas buaidh èiginn na gnàth-shìde agus bith-iomadachd air an roinn agus air an dùthaich, is dòcha gum feum an roinn taic a chur ri obair leasachaidh ceangailte ri na cuspairean gnàth-shìde a tha a' tighinn am bàrr, rud a bheireadh buaidh air aithris àrainneachd.

Is e aon chumha co-cheangailte ri ur maoin gum bu dùil againn gun toir sibh seachad am fiosrachadh ainmichte gu h-àrd. Mura bi, is dòcha gum feum sinn sùil eile a thoirt air ur Aonta Maoineachaidh agus ur tabhartasan airgid.

Leis gu bheil mòran den fhiosrachadh a tha ainmichte gu h-àrd co-cheangailte ri reachdas no riatanasan sònraichte a chuir Riaghaltas na h-Alba oirnn, dh'fhaodadh gun nochd raointean eile de phoileasaidh poblach tro Mhaoineachadh Ioma-bhliadhnail, agus dam feum sinn fiosrachadh a lorg bhuapa-san a tha sinn a' maoineachadh. Ma thachras an leithid, innsidh sinn seo dhaibhsan uile a tha sinn a' maoineachadh le brath ann an àm mu dleastanasan aithris a bharrachd.

## **Tagraichean neo-shoirbheachail**

Mura soirbhich le ur tagradh Ceum 2, innsear seo dhuibh le post-d. Innsidh sinn na h-adhbhairean airson seo, agus gheibh sibh clàr de ur n-Aithris Measaidh Ceum 2. Is dòcha nach geall sinn còmhradh mionaideach mu thagraidhean fa leth air sgàth uimhir dhiubh is a bhios ann.

Mar a dh'innsear a cheana, is dòcha gum bi cothroman aig buidhnean nach soirbhich nan tagradh ris a' Phrògram Maoineachadh Ioma-bhliadhna, cur a-steach airson taic tro sheanailean maoineachaidh eile aig Alba Chruthachail. Gheibhear cuideachd, is dòcha, air beachdachadh air cuideachadh Eadar-ama (faicibh gu ìosal). Far am gabh a dhèanamh, nochdaidh sinn cothroman sam bith eile a dh'fhaodadh a bhith ann.

## **Maoin Eadar-ama do thagraichean neo-shoirbheachail**

Dh'fhaodadh gum bi taic eadar-ama ann, far am bi e iomchaidh, do chuid de bhuidhnean a tha an-dràsta a' faighinn ath-mhaoineachadh bho Alba Chruthachail ach nach do soirbhich ionmhas fhaighinn tron Phrògram Ioma-bhliadhnail.

Tha Taic Eadar-ama ag amas air buidhnean a chuideachadh gus an cruth atharrachadh no am Planaichean Gnìomhachais atharrachadh ann an suidheachadh far nach fhaigh iad maoineachadh cunbhalach bho Alba Chruthachail. Bhiodh taic ionmhais sam bith an urra ri am faighear airgead agus bhiodh i na pàirt de chuideachadh le buidhnean planadh airson cruth-atharrachadh no ath-thaobhadh a chuidicheadh le seasmhachd san àm ri teachd, a' gabhail a-steach is dòcha gluasad gu obair a ghearradh no a stad.

Gheibhear barrachd fiosrachaidh mu thaic eadar-ama anns na mìosan air thoiseach.

---

## Earrann 8:

# Saorsa Fiosrachaidh

Tha rùn aig Alba Chruthachail a bhith cho fosgailte 's a ghabhas. Saoidh sinn gu bheil còir fios a bhith aig a' phoball ciamar a chosgas sinn ionmhas poblach agus a nì sinn co-dhùnaidhean a thaobh maoineachaidh. Chìthear mion-fhiosrachadh de ar dèiligeadh ri FOI **air an làraich-lìn againn.**

Tha sinn air ar clàradh mar ùghdarras poblach fo Achd Saorsa an Fhiosrachaidh (Alba) 2002. A rèir an lagha, dh'fhaodamaid na sgrìobhainnean iarrtais agaibh agus fiosrachadh mun mheasadh againn a thoirt dha ball sam bith den phobaill a dh'iarraas am faicinn fo Achd Saorsa an Fhiosrachaidh (Alba) 2002. Chan fhaod sinn na pàirtean sin de na sgrìobhainnean a tha fo raon aon no barrachd de na saoraidhean fon Achd fhoillseachadh. Faicibh an làrach-lìn Saorsa an Fhiosrachaidh aig [www.itspublicknowledge.info](http://www.itspublicknowledge.info) airson fios mun Achd san fharsaingeachd agus na saoraidhean. Chan fhoillsich sinn fiosrachadh sam bith mu dheidhinn iarrtasan aig àm a' mheasaidh, oir faodaidh seo buntainn ris a' phròiseas co-dhùnaidh.

---

## Earrann 9:

# Dion Dàta

Feumaidh Alba Chruthachail beagan fiosrachaidh phearsanta mur deidhinn/mu dheidhinn ur buidhne gus beachdachadh air ur tagradh airson maoineachaidh. Às aonais an fhiosrachaidh cha tèid aig Alba Chruthachail air ur tagradh a thoirt air adhart.

Nam bu mhath leibh coimhead air mion-chunntas dhen fhiosrachadh phearsanta a dh'fheumas sinn, carson a dh'fheumar e, agus dè nì sinn leis an fhiosrachadh sin agus dè cho fada 's a ghlèidheas sinn e, thoiribh sùil air ar Brath Prìobhaideachd, ri fhaighinn air-loidhne: **[www.creativescotland.com/privacy-policy](http://www.creativescotland.com/privacy-policy)**.

Faodaidh Alba Chruthachail ur fiosrachadh pearsanta a cho-roinn le treasphàrtaidhean gus gèilleadh ris an lagh agus/no airson com-pàirtean laghail againn agus/no aig na treas-phàrtaidhean sin.

Far am buin am fiosrachadh pearsanta a thugadh dha Alba Chruthachail do chàch, thoiribh sùil air a' Bhrath Phrìobhaideachd aig Alba Chruthachail. Dèanaibh cinnteach an Sanas Prìobhaideachd seo agus am Brath Prìobhaideachd aig Alba Chruthachail a cho-roinn leis an duine/na daoine seo.

Tha còraichean agaibh a thaobh an fhiosrachaidh phearsanta a tha aig Alba Chruthachail mur deidhinn fo lagh dìon dàta. Tha fiosrachadh air mar a chleachdar na còraichean seo nar Poileasaidh Prìobhaideachd no faodar fios a chur dhan **Oifigear Dìon Dàta** againn.

Ma tha draghan oirbh a thaobh mar a làimhsich Alba Chruthachail ur fiosrachadh pearsanta, bu chòir dhuibh fios a chur gu Oifigear Dìon an Dàta againn sa chiad dol a-mach, oir chuireamaid fàilte air a' chothrom obair còmhla ribh gus gearan sam bith a rèiteachadh. Ma thathas fhathast mì-riaraichte, faodar gearan a chur gu **Oifis Coimiseanair an Fhiosrachaidh.**

---

## Earrann 10:

# Riaghladh Thabhartasan

Mar bhuidheann poblach feumaidh Alba Chruthachail cumail ris na riaghailtean smachd taic-airgid ann an Achd Rianachd Taic-airgid 2022 agus Aonta Malairt is Co-obrachaidh eadar Riaghaltas na RA agus an Aonadh Eòrpach. Gheibhear tuilleadh fiosrachaidh aig the **UK subsidy control regime - GOV.UK (www.gov.uk)**.

Bidh uallach air neach sam bith a gheibh duais tron mhaoin seo aithneachadh gun tig an taic-airgid às an sporan poblach agus innse gu bheil an taic a fhuireadh a rèir nan riaghailtean Smachd air Taic-airgid.

Far am bi e iomchaidh, feumaidh an neach a gheibh aontachadh gum foillsich Alba Chruthachail fiosrachadh mun tabhartas agus gun cùm an neach-gabhail leabhraichean an ìre mhath mionaideach gus nochdadh gu bheileas a rèir riaghailtean Smachd air Taic-airgid agus gun toir iad seachad na leabhraichean sin do Alba Chruthachail ma thig iartas reusanta. Mas e is gum measar mar bhriseadh air riaghailtean Smachd air Taic-airgid, is dòcha gum feum an neach-gabhail an tabhartas gu lèir a phàigheadh air ais (agus ionmhas dligheach sam bith eile) sa bhad.

---

## Earrann 11:

# Dìon/Urram san Obair

### Dìon

Canar “Dìon” ri cleachdaidhean a shuidhicheas sibh gus am bithear cinnteach gu bheil an fheadhainn leis a bheil sibh ag obair, mar compàirtichean no luchd-obrach, gan dìon bho chron, droch-dhìol agus dubhshaothrachadh. Dh’ullachadh Alba Chruthachail stiùireadh mu dhìon nuair a bhitear ag obair còmhla ri cloinne, òigridh no inbhich so-leònta, an dà chuid gu pearsanta agus air-loidhne – gheibhear seo **air ar làrach-lìn: A’ Cruthachadh Sàbhailteachd**.

Ma bhios sibh ri obair sam bith le cloinn, daoine òga no inbhich so-leònte (gu pearsanta no air-loidhne), bu chòir poileasaidh dìon a bhith agaibh, agus mholadh sinn gus comhairle eòlaiche a ghabhail a thaobh seo – faodaidh ar stiùireadh Cruthachadh Sàbhailteachd cuideachadh, agus tha stiùireadh aig buidhnean eile leithid an NSPCC cuideachd do dhaoine fa leth a ri seo.

Bu chòir buidhnean a thagras airson obair cloinne, daoine òga no inbhich so-leònte dèanamh cinnteach gu bheil an fheadhainn a bhios an sàs nam buill den sgeama PVG a ruithear le Disclosure Scotland.

## Urram san Obair

Tha gach neach a bhios ag obair ann an roinnean cruthachail agus cultarach na Alba airidh air urram agus spèis, ged a bu neach-fastaidh, neach-obrach neo-cheangailte, cunnradair, ball Bùird no saor-thoileach iad. Chan fhuiling Alba Chruthachail burraidheachd, sàrachadh no dìmeas ann an suidheachadh sam bith, agus thathas a' sùileachadh an dearbh nì bho bhuidhinn sam bith dan toir sinne airgead poblach.

Bu chòir dhaibhsan a nì tagradh dha obair a dh'fhastas daoine eile dèanamh cinnteach gu bheil riaghailtean dìon freagarrach aca gus am bith urram aig daoine nan obair, a' gabhail a-steach dòighean-obrach gus na cleachdaidhean as fheàrr a bhith ann a thaobh leithid co-ionannachd agus iomadachd, sàrachadh agus burraidheachd, smachd agus innse mu thrioblaidean.

Dh'ullaich Alba Chruthachail stiùireadh dè tha sinne a' ciallachadh le urram san obair, agus na tha sinne a' sùileachadh bhon fheadhainn dan toir sinn airgead. Leughaidh sibh seo **air ar làrach-lìn: Urram san Obair**.

'S e ar prìomh dleastanas maoin a bhuileachadh, chan bhui uallach rianachd dhuinn. Ge-tà, tha dùil againn gun gabh feadhainn a gheibh airgead gu ceart rin cuid uallach mu dhìon agus urram san obair agus iad a' faighinn airgead poblach, dh'adhbharaicheadh easbaidh a thaobh seo stad air pàigheadh no taicean airgid gan toirt air ais.

---

## Earrann 12: Gearanan

Mar bhuidheann, èistidh Alba Chruthachail agus bheir sinn freagairt daonnan do dhraghan sam bith a dh'fhaodadh a bhith oirbh. Nam bu toigh leibh gearan a thogail mun t-seirbheis a fhuair sibh bho Alba Chruthachail no an dòigh san do dhèilig sinn ri ur n-iarrtas, tha pròiseas againn as urrainn dhuibh cleachdadh.

Thoiribh an aire nach eil pròiseas ath-thagraidh aig Alba Chruthachail, agus air an adhbhar seo, chan urrainn dhuinn gabhail ri gearanan a tha co-cheangailte ris a' cho-dhùnadh a-mhàin seach gearanan a tha cocheangailte ri ciamar a rinn sinn an co-dhùnadh.

Airson tuilleadh fiosrachaidh, rachaibh gu earrann nan Gearanan air ar làrach-lìn: **Làimhseachadh ghearanan | Alba Chruthachail**

# Pàipear-taice 1:

## Ceistean foirm tagraidh Ceum 2

Innsidh am fiosrachadh a leanas mu na ceistean a chuireas sinn aig Ceum 2. Tha sinn gan innse an seo gus an ullachadh tagraichean an tagraidhean mus fhosgail an làrach tagraidh air-loidhne sa Mhàrt. Bidh crìoch uachdrach de mu 250 faclan aig gach ceist far am bu chòir dhuibh ceangal a dhèanamh ris an fhianais nur Plana Gnìomhachais a sheallas mar a fhreagras sibh air na riaghailtean buntainneach. Tha sinn airson tuigsinn chan e dìreach na tha sibh a' cur romhaibh ach cuideachd ciamar, agus carson.

Faodar cuideachd na 250 faclan a chleachdadh gus mineachadh ciamar a leasaich sibh sibh fèin stèidhichte air càil bho aithris measaidh Ceum 1.

Cuspair	Ceist	Na tha sinn airson tuigsinn aig Ceum 2
---------	-------	--

### CÀILEACHD AGUS MIANN ADHARTAIS

<b>Adhbhar agus amasan</b>	Innsibh dhuinn càite am faigh sinn fianais gun coilean sibh amasan a rèir ur cinn-uidhe. Thoiribh iomradh air an earrann no àireamh duilleige nur Plana Gnìomhachais no sgrìobhainnean taic.	An do nochd an tagraiche tuigse soilleir mun cheann-uidhe agus na tha iad airson coileanadh?
<b>Ur prògram</b>	Innis dhuinn far am faigh sinn an fhianais a dhearbhas gun coilean am prògram a tha san amharc agad buannachd dhan phoball. Thoir iomradh air an earrann no an àireamh-duilleige taobh a-staigh do Phlana Gnothachais no ann an sgrìobhainnean taic.	Dè cho math is a nochdas an tagraiche an àite a thaobh buannachd phoblach a dhèanamh do mhuinntir na h-Alba tro am prògram obrach?
<b>Ullachadh bheachdan</b>	Innis dhuinn far am faigh sinn fianais gun cruthaich thu na suidheachaidhean gus do ghnìomhachd a chruthachadh agus a leasachadh agus gus modhan ùr-ghnàthach a sgrùdadh. Thoir iomradh air an earrann no an àireamh-duilleige taobh a-staigh do Phlana Gnothachais no ann an sgrìobhainnean taic.	Dè cho math is a sheallas an tagraiche ciamar a thogar àrainneachd a chruthaicheas gnìomhachd agus gus dòighean obrach innleachdail fheuchainn?

### CONALTRADH

<b>Cò</b>	Innsibh dhuinn càite am faigh sinn fianais cò leis a bhios sibh a' conaltradh tron phrògram obrach agaibh agus ciamar a bhuineas ur n-obrach ri an cuid feuman agus ùidhean. Thoiribh iomradh air an earrann no àireamh duilleige nur Plana Gnìomhachais no sgrìobhainnean taic.	Dè cho math is a thuigeas an tagraiche feuman agus/no ùidhean an fheadhainn ris am biodh iad a' conaltradh tron cuid obrach?
-----------	--	--



<b>Cuspair</b>	<b>Ceist</b>	<b>Na tha sinn airson tuigsinn aig Ceum 2</b>
<b>Ciamar</b>	Dè cho math is a thuigeas an tagraiche feuman agus/no ùidhean an fheadhainn ris am biodh iad a' conaltradh tron cuid obrach?	Càite a bheil an fhianais gun aithnich an tagraiche gun do mheudaich am prògram gnìomhachd an comas airson conaltradh èifeachdach?
<b>Buidh</b>	Càite a bheil an fhianais gun aithnich an tagraiche gun do mheudaich am prògram gnìomhachd an comas airson conaltradh èifeachdach?	Càite a bheil an fhianais gun tuig an tagraiche an luach a bheir an obair do dhaoine fa leth, buidhnean agus coimhearsnachdan?

### **CO-IONANNACHDAN, IOMADACHD AGUS ION-GHABHALTACHD (EDI)**

<b>Planadh airson EDI</b>	Innsibh dhuinn càite am faigh sinn fianais mu ur n-amasan a thaobh co-ionannachdan, iomadachd agus ion-ghabhalachd, agus ciamar a bheir sibh gu buil iad. Thoiribh iomradh air an earrann no àireamh duilleige nur Plana Gnìomhachais no plana EDI air leth.	A bheil an tagraiche a' sealltainn fianais mu amasan soilleir EDI agus planaichean freagarrach gus an toirt gu buil?
<b>Ion-ghabhalachd a stèidheachadh</b>	Innsibh dhuinn càite am faigh sinn fianais gun adhartach sibh ion-ghabhalachd agus ruigsinneachd nur prògram. Thoiribh iomradh air an earrann no àireamh duilleige nur Plana Gnìomhachais, plana EDI air leth no sgrìobhainnean taic.	A bheil planaichean soilleir aig a' bhuidhinn a thaobh ion-ghabhalachd agus ruigsinneachd agus a bheileas dealasach an obair san raoin seo a thoirt air adhart?
<b>Dleastanasan co-ionannachd</b>	Innsibh càite am faigh sinn fianais gu bheil co-ionannachdan, iomadachd agus ion-ghabhalachd a' cur ris an dòigh san stiùir sibh ur buidheann a thaobh raointean leithid fastadh, trèanadh no ionmhas. Thoiribh iomradh air an earrann no àireamh duilleige nur Plana Gnìomhachais, plana EDI air leth no sgrìobhainnean taic.	Dè an fhianais a tha ann de dealas do EDI nan cleachdaidhean stiùiridh a thaobh raointean leithid fastadh, leasachadh is trèanadh luchd-obrach, agus planaichean ionmhas?

### **SEASMHACHD ÀRAINNEACHD**

<b>Gnìomhan a dh'ionnsaigh Net Neoni</b>	Innsibh dhuinn càite am faigh sinn fianais gun dèan sibh obair gus eimiseanan carboin a lùghdachadh a rèir slighe na h-Alba gu Net Neoni. Thoiribh iomradh air an earrann no àireamh duilleige nur Plana Gnìomhachais no sgrìobhainnean taic.	Dè an fhianais a tha ann gun tuig an tagraiche an dleastanas eimiseanan gasaichean taigh-gloinne a lùghdachadh a rèir na slighe gu Net Neoni ro 2045 no amasan soilleir a chur an sàs?
--	---	--

<b>Cuspair</b>	<b>Ceist</b>	<b>Na tha sinn airson tuigsinn aig Ceum 2</b>
<b>Seasmhachd nur prògram</b>	Innsibh dhuinn càite am faigh sinn fianais gum beachdaichear air èiginn na gnàth-shìde nur prògram agus sna dòighean san toirear seachad e. Thoiribh iomradh air an earrann no àireamh duilleige nur Plana Gnìomhachais no sgrìobhainnean taic.	Dè an fhianais a tha ann gun tuig an tagraiche mar a ghabhas seasmhachd àrainneachd a nochdadh nam prògram?
<b>Atharrachadh agus lasachadh</b>	Innsibh dhuinn càite am faigh sinn fianais gun làimhsich sibh buaidh èiginn na gnàth-shìde air ur buidhinn gus am bithear cinnteach de sheasmhachd san ùine fhada. Thoiribh iomradh air an earrann no àireamh duilleige nur Plana Gnìomhachais no sgrìobhainnean taic.	Dè an fhianais a tha ann gu bheil an tagraiche a-mach air na gnìomhan a ghabhas iad gus atharrachadh agus lasachadh ma choinneamh buaidh atharrachadh na gnàth-shìde?

## **OBAIR CHOTHROMACH**

<b>Prionnsabalan na h-Obrach Cothromaich (urram, cothrom, guth èifeachdach, tèarainteachd agus riarachas)</b>	Innsibh dhuinn càite am faigh sinn fianais de ur geallaidhean a thaobh Obrach Cothromaich nur poileasaidhean agus pròiseasan agus ciamar a chuirear an cèill iad taobh a-staigh ur buidhne agus ris na daoine leis am bi sibh ag obair. Thoiribh iomradh air an earrann no àireamh duilleige nur Plana Gnìomhachais no sgrìobhainnean taic.	Dè an fhianais a tha ann gu bheil a' bhuidheann a' planadh prionnsabalan Obrach Cothromaich a chur an sàs?
<b>Obair Chothromach nur prògram</b>	Innsibh dhuinn càite am faigh sinn fianais ciamar a nochdas agus a chuireas sibh taic ri prionnsabalan Obrach Cothromaich nur prògram. Thoiribh iomradh air an earrann no àireamh duilleige nur Plana Gnìomhachais no sgrìobhainnean taic.	Dè an fhianais a tha ann gun tuig a' bhuidheann na tha a dhìth gus prionnsabalan Obrach Cothromaich a stèidheachadh nam prògram?
<b>Leasachadh feachd-obrach</b>	Innsibh dhuinn càite am faigh sinn fianais gun adhartach sibh leasachadh luchd-obrach, tàlant agus ceannardas. Thoiribh iomradh air an earrann no àireamh duilleige nur Plana Gnìomhachais no sgrìobhainnean taic.	Dè an fhianais a tha ann den dleastanas leasachadh luchd-obrach ann an dòigh a fhreagras air meud na buidhne aca?

Mar phàirt de earrainn na h-Obrach Cothromaich, iarraidh sinn oirbh innse gu bheil e nur rùn co-dhiù am Fìor Thuarastal Bith-beò a phàigheadh dhan luchd-fastaidh agus gu bheil Guth Èifeachdach do luchd-obrach an sàs nur buidhinn.

Cuspair	Ceist	Na tha sinn airson tuigsinn aig Ceum 2
---------	-------	--

## EADAR-NÀISEANTA

<b>Obair Eadar-nàiseanta</b>	Innsibh dhuinn càite am faigh sinn fianais mu ur rùn agus adhbhar airson obair eadar-nàiseanta agus mar a chuireas i ri ur prògram. Thoiribh iomradh air an earrann no àireamh duilleige nur Plana Gnìomhachais no sgrìobhainnean taic.	Dè an fhianais a tha ann de rùn agus adhbhar airson obair eadar-nàiseanta nam prògram?
<b>Buaidh eadar-nàiseanta</b>	Innsibh dhuinn càite am faigh sinn fianais de bhuidh ur gnìomhachd eadar-nàiseanta dhuibh fhèin, agus ur com-pàirtichean eadar-nàiseanta, agus ciamar a thomhaiseas sibh seo. Thoiribh iomradh air an earrann no àireamh duilleige nur Plana Gnìomhachais no sgrìobhainnean taic.	Innsibh dhuinn càite am faigh sinn fianais de bhuidh ur gnìomhachd eadar-nàiseanta dhuibh fhèin, agus ur com-pàirtichean eadar-nàiseanta, agus ciamar a thomhaiseas sibh seo. Thoiribh iomradh air an earrann no àireamh duilleige nur Plana Gnìomhachais no sgrìobhainnean taic.
<b>Lasachadh</b>	Innsibh dhuinn càite am faigh sinn fianais gun do bheachdaich sibh air ur geallaidhean do sheasmhachd àrainneachd a thaobh ur n-obrach eadar-nàiseanta a phlanadh. Thoiribh iomradh air an earrann no àireamh duilleige nur Plana Gnìomhachais no sgrìobhainnean taic.	Dè an fhianais a tha ann gun tuig an tagraiche an cothromachadh a tha a dhìth a thaobh lasachadh buaidh àrainneachd an cuid obrach eadar-nàiseanta?

## RIAGHLADH AGUS STIÙIREADH

<b>Riaghladh</b>	Innsibh dhuinn càite am faigh sinn fianais a mhìnicheas modhan riaghlaidh ur buidhne, agus carson a tha an dòigh seo freagarrach. Thoiribh iomradh air an earrann no àireamh duilleige nur Plana Gnìomhachais no sgrìobhainnean taic.	Dè an fhianais a tha ann gu bheil modhan riaghlaidh na buidhne soilleir agus freagarrach do mheud agus farsaingeachd a' phrògram a tha a' bhuidheann a' moladh?
<b>Stiùireadh obrachaidh</b>	Innsibh dhuinn càite am faigh sinn fianais gu bheil ur structaran taobh a-staigh airson stiùireadh ionmhais agus obrachaidh a' cur taic ri ur n-amasan. Thoiribh iomradh air an earrann no àireamh duilleige nur Plana Gnìomhachais no sgrìobhainnean taic.	Dè an fhianais a tha ann de thuigse soilleir air cudromachd stiùiridh èifeachdaich air ionmhas agus obrachadh gus taic a chur ris a phrògram obrach a mholar?
<b>Cunnart</b>	Innsibh dhuinn càite am faigh sinn fianais gun aithnich agus gur dèilig ur buidheann gu h-èifeachdach ri cunnart. Thoiribh iomradh air an earrann no àireamh duilleige nur Plana Gnìomhachais no sgrìobhainnean taic.	An do nochd an tagraiche tuigse soilleir air cudromachd cunnart aithneachadh agus dèiligeadh ris?



ALBA | CHRUTHACHAIL

Waverley Gate  
2-4 Waterloo Place  
Edinburgh EH1 3EG  
Scotland UK

Geata Waverley,  
2-4 Rathad Bhatarlù,  
Dùn Èideann, EH1 3EG

—  
[www.albachruthachail.com](http://www.albachruthachail.com)  
[enquiries@creativescotland.com](mailto:enquiries@creativescotland.com)



Am Màrt 2024